


Barganachadh airson an Aonaidh 1702 - 1703



Villeam III

Anna,
Banrigh Bhreatainn

Sa Ghearran 1702 chuir Uilleam III **brath** chun an dà thaigh ann an Westminster ag iarraidh orra beachdachadh air **aonadh seasmhach**, slàn – aonadh eadar an dà **rìoghachd** le aon **phàrlamaid**.

Chan fhaca an Rìgh am beachd aige a' tighinn gu buil.

Chaochail e air 8 Màrt 1702 agus chaidh a phiuthar-chèile, Anna, a dhèanamh na Banrigh, mar a bha air a chur a-mach ann am **Bile Chòraichean 1689**.

Chuir an dà **phàrlamaid coimiseanairean an dreuchd** gus tighinn gu **rèite** air **aonadh** eadar an dà dhùthaich, agus bha còmhraidhean air an cur air dòigh airson na b' anmoiche air a' bhliadhna ud.

San eadar-àm, thòisich cogadh eadar Breatainn agus an Fhraing.

